

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Griogal Cridhe (2)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at roddy.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,135. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 831 corresponds to Litir 1,135.

Bha mi ag innse dhuibh mun òran ‘Griogal Cridhe’. Thug mi dà shèist eadar-dhealaichte dhuibh an t-seachdain sa chaidh. Seo agaibh treas tè! Tha i inntinneach oir tha i pearsanta don tè a sgrìobh an t-òran.

Ochan, ochan, ochan uiridh, 'S goirt mo chridhe, luaidh,

Ochan, ochan, ochan uiridh, Cha chluinn d' athair ar caoidh.

'S i Mòr Chaimbeul a sgrìobh an t-òran, timcheall na bliadhna còig ceud deug is seachdad (1570). Phòs i fear Griogair MacGhriogair – Griogair Ruadh. Ach bha na Griogaraich agus na Caimbeulaich nàimhdeil do chèile. Air a' chiad latha dhen Lùnastal, còig ceud deug, seasgad 's a naoi (1569), chaidh Griogair a chur an grèim le buidheann de Chaimbeulaich. Am measg na ghlac e, bha athair-chèile, Donnchadh Caimbeul à Gleann Lìomhann. Seo dà rann à aon dreach dhen òran mu dheidhinn na thachair.

Moch madainn air latha Lùnast', Bha mi sùgradh mar ri m' ghràdh,

Ach mun tàinig meadhan-latha, Bha mo chridhe air a chràdh.

Mallachd aig maithibh 's aig càirdean, Rinn mo chràdh air an dòigh,

Thàinig gun fhios air mo ghràdh-sa, 'S a thug fo smachd e le foill.

Tha Mòr ag ràdh anns an òran gum b' fheàrr leatha nan robh dusan gaisgeach dhen chinneadh aige fhèin air a bhith aig Griogair. Cha bhiodh e sa phrìosan idir.

Bha Griogair air a chumail an grèim anns a' chaisteal aig Cailean Liath, ceannard nan Caimbeulach, faisg air Loch Tatha. B' e ainm Caisteal Bhealaich. Bha e far a bheil *Taymouth Castle* an-diugh. Bha Griogair air a chumail an sin mar phrìosanach fad ochd mìosan. Bha na Caimbeulach a' feuchainn ri cead fhaighinn bho ùghdarrasan a' Chrùin ann an Dùn Èideann Griogair a chur gu bàs.

Mu dheireadh thall, fhuair iad cead. Chaidh ceann Ghriogair a ghearradh dheth air an t-seachdamh latha dhen Ghiblean còig ceud deug is seachdad (1570). Anns an òran, tha a bhantrach ag ràdh seo:

Eudail mhòir de shluagh an domhain,

Dhòirt iad d' fhuil an-dè,

'S chuir iad do cheann air ploc daraich

Tacan beag bhod chrè.

Tha Mòr a' seinn gum b' fheàrr leatha gum biodh galar air athair agus gum biodh Cailean Liath a' fulang leis a' phlàigh. Ach dè an suidheachadh anns an robh i fhèin? Suidheachadh truagh, feumaidh mi ràdh. Bha leanabh aice – Alasdair Ruadh – ach nuair a chaidh an duine aice a chur gu bàs, bha i trom le dàrna leanabh. Leis gum robh Griogair sa

phrìosan airson ochd mìosan, feumaidh gun do rugadh an leanabh ùr goirid an dèidh bàs athar. 'S e gille eile a bh' ann – a fhuair an t-ainm 'Iain Dubh'.

Bha Mòr fiadhaich mu na thachair. Bha droch bheachd aice air a cinneadh fhèin – na Caimbeulaich – bho sin a-mach. Ach bha na Caimbeulaich airson smachd a chumail oirre. Rinn iad cinnteach gum biodh i pòsta às ùr aig cuideigin a bha dìleas dhaibh. Tha an t-eachdraiche, Màrtainn MacGhriogair, dhen bheachd gum b' e fear Raibeart Mèinnearach à Coimridh an dàrna cèile aice. Tha Coimridh deas air Uisge Lìomhann faisg air an inbhir le Uisge Tatha. A rèir choltais, bha Mòr ann an suidheachadh cofhurtail. Bha an taigh snog agus bha gu leòr anns an sporan. Ach bha Mòr ag ionndrainn Ghriogair mar a chluinneas sinn an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: Mòr Chaimbeul: *Marion Campbell*; Griogair Ruadh: *red-haired Gregor*; athair-chèile: *his father-in-law*; Cailean Liath: *grey-haired Colin*; Loch Tatha: *Loch Tay*; dìleas: *loyal*; Raibeart Mèinnearach: *Robert Menzies*; Coimridh: *Comrie*; ag ionndrainn: *missing*.

Abairtean na Litreach: Thug mi dà shèist eadar-dhealaichte dhuibh an t-seachdain sa chaidh: *I gave you two different choruses last week*; seo agaibh treas tè: *here is a third one*; tha e pearsanta don tè a sgrìobh an t-òran: *it is personal to the woman who wrote the song*; 's goirt mo chridhe, luaidh (or laoigh): *my heart is sore, my darling*; cha chluinn d' athair ar caoidh: *your father won't hear our lament*; bha na Griogaraich agus na Caimbeulaich nàimhdeil do chèile: *the MacGregors and the Campbells were enemies of each other*; a' chiad latha dhen Lùnastal: *the 1st of August*; dà rann à aon dreach dhen òran: *two verses from one version of the song*; mun tàinig meadhan-latha, bha mo chridhe air a chràdh: *before midday came, my heart was in anguish*; (a) rinn mo chràdh air an dòigh: *who caused me anguish in their way*; thàinig gun fhios air mo ghràdh-sa: *who came upon my love unawares*; 's a thug fo smachd e le foill: *and who captured him by treachery*; gum b' fheàrr leatha: *that she would have preferred*; nan robh dusan gaisgeach dhen chinneadh aige fhèin air a bhith aig Griogair: *if Gregor had had twelve heroes of his own clan*; b' e ainm Caisteal Bhealaich: *its name was Balloch Castle*; a' feuchainn ri cead fhaighinn bho ùghdarrasan a' Chrùin ann an Dùn Èideann Griogair a chur gu bàs: *trying to obtain permission from the Crown authorities in Edinburgh to put Gregor to death*; chaidh ceann Ghriogair a ghearradh dheth: *Gregor was decapitated*; eudail mhòir de shluagh an domhain: *great treasure of the world's people*; dhòirt iad d' fhuil an-dè: *they spilled your blood yesterday*; chuir iad do cheann air ploc daraich: *they put your head on an oaken block*; tacan beag bhod chrè: *a little way from your body*; bha i trom le dàrna leanabh: *she was pregnant with a second child*; goirid an dèidh bàs athar: *shortly after his father's death*.

Puing-chànain na Litreach: Mallachd aig maithibh 's aig càirdean: *a curse on nobles and relations*. Maithibh is the old dative plural form of maith 'a noble person'; it is in the dative (or prepositional) case following the preposition aig. The dative plural inflexion is now redundant and today we would say aig maithean for 'at the nobility'.

Gnàthas-cainnt na Litreach: Bha mi sùgradh mar ri m' ghràdh: *I was sporting with my love*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA